

FILEANTA

A' leasachadh  
sgilean sgrùdaidh  
Àrd-Ìre



# Fileantaich Leughadh (Ficsean)



# Clàr-innse

1. An Uamh
2. An Leughadair
3. Làithean nan Uachdaran
4. Shuas air an Lobhta
5. Am Bàrd
6. Daoine Onarach gu Lèir
7. An t-Aonaran
8. An Leum
9. Am Balla
10. Ignig Dannsair

# 1. An Uamh

## Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

- 1 Shuas faisg air mullach Beinn a' Chreachainn bha uamh agus a beul fosgailte ris a' bhaile. Cho fad 's a chitheadh sùil, cha robh dad na broinn ach dòrlach chlachan an siud 's an seo. Ged a bha a' bheinn àrd, cha robh i duilich a dìreadh 's bhiodh clann bho àm gu àm a' dol suas a chluiche innte.
- 2 Sin dìreach a rinn Calum Friseal aon latha samhraidh 's a chompanaich air falbh air saor-làithean. Bha Calum eòlach gu leòr air a bhith a' dìreadh na beinne agus, le casan èasgaidh nach fhaca ach còig samhraidhean deug, cha do chuir an turas mòran air. Nuair a ràinig e an uamh, chaidh e a-steach innte gun smaoineachadh. Carson a smaoinich eadh? Bha e air a bhith innte dusan turas roimhe seo.
- 3 Cha robh fios aig Calum dè cho fad 's a bha e air a bhith san uaimh nuair a shaoil e gum faca e sgàineadh sa chreig aig cùl na h-uamha. Agus anns an dorchadas bha e a' faicinn mar gum biodh solas fann a' tighinn tron sgàineadh. Chaidh e gu cugallach a-null far an robh an solas.
- 4 Nuair a ràinig Calum a' chreag, shaoil e gun robh doras innte, doras nach robh dùinte teann. Chuir e a làmh air a' chreig 's nuair a phut e i dh'fhosgail i. B' e doras a bh' ann ceart gu leòr. Chaidh Calum tron doras air a shocair, a' dèanamh cinnteach nach dùineadh e 's nach biodh e glaiste am broinn na creige. Le measgachadh eagail is iongnaidh, thug e ceum socair a-steach dhan chreig.
- 5 Fa chomhair Chaluim bha seòmar mòr. An seòmar a bu mhotha a chunnaic e riamh is e làn den àirneis a bu bhòidhche air an smaoinich eadh duine. Bha solais de christail a' dòrtadh bho mhullach an t-seòmair, 's iad a' deàrrsadh mar ghrian meadhan an t-samhraidh.
- 6 Sheall Calum air a chùlaibh car tiotain 's chunnaic e dorchadas na h-uamha tron doras. Thug sin misneachd dha, oir bha an doras na chomharra nach tachradh dad dha coltach ris na rudan mun do leugh e uair is uair ann an leabhraichean.
- 7 Bha sùilean Chaluim air an tarraing gu leabhar gorm, leabhar a bha cho mòr 's gun canadh neach gun robh mìle duilleag ann. Bha an leabhar na shuidhe air bòrd a bha còmhdhaichte le aodach meileabhaid.



- 8 Dh'fhosgail Calum an leabhar. Cha robh càil ann ach ainmean dhaoine is mhnathan. Ach cha b' e ainmean sam bith a bha an seo idir. Sheall Calum riutha. Churchill. Hitler. Rìgh Seumas VI. Caesar. Mac an t-Srònaich. Einstein. Liosta gun chrìoch de dhaoine ainmeil. Feadhainn ainmeil airson rudan math agus feadhainn airson rudan dona. Bha na h-ainmean uile ann an làmh-sgrìobhaidh eadar-dhealaichte. Am b' iad na daoine fhèin a sgrìobh iad san leabhar?
- 9 Fhad 's a bha Calum a' sgrùdadh an leabhair iongantach seo, dh'fhairich e làthaireachd air choreigin ri thaobh. Sheall e mun cuairt. Chlisg e nuair a chunnaic e fear na sheasamh an sin, sgeadaichte ann an trusgan oifigeir, ann an deise làn bhrèidean agus mheadailean.
- 10 "Tha mi duilich..." arsa Calum. "Cha robh fhios agam..."
- 11 Rinn an duine gàire.
- 12 "Tha iongnadh ort," thuirt e. "Tha iongnadh ort mun leabhar. Tha iongnadh ort mum dheidhinn-sa. Na biodh eagal sam bith ort. 'S e mo dhreuchd-sa a bhith a' clàradh san leabhar seo ainmean nan daoine a bhios ainmeil, chan ann an dèidh dhaibh a bhith ainmeil ach mus bi iad ainmeil idir. 'S a-nise bu mhiann leam an t-ainm agadsa a chur don leabhar."
- 13 "An t-ainm agamsa?" arsa Calum.
- 14 "Bidh tu ainmeil fhathast," thuirt an duine.
- 15 "Ciamar?" dh'fhaighnich Calum.
- 16 "Tha fhios agamsa ciamar," fhreagair an duine. "Ach chan fhaod mi sin innse dhut."
- 17 Leis a sin sgrìobh an duine ainm Chaluim san leabhar. Bha an sgrìobhadh na mhac-samhail air mar a sgrìobhadh Calum fhèin ainm. Cha b' e sin a-mhàin, ach chuimhnich Calum nach do dh'fhaighnich an duine dha dè an t-ainm a bh' air.
- 18 "Ciamar...?" dh'fhaighnich Calum.
- 19 "Na cuir ceist orm idir," ars an duine. "Tog ort a-nise agus cuimhnich gur tusa a' chiad duine a-riamh a chunnaic ainm fhèin san leabhar."
- 20 Dh'fhalbh Calum. Chuala e an doras a' dùnadh às a dhèidh 's choisich e tro dhorchadas na h-uamha a-mach gu solas Beinn a' Chreachainn. Chrom e a' bheinn, a' beachdachadh air an eachdraidh a bha fhathast gun chruthachadh.



# Ceistean: An Uamh

**Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.**

*Coimhead a-rithist air paragraf 1 agus 2.*

1. Seall mar a tha an t-ùghdar a' dèanamh soilleir gur e rud gu math àbhaisteach a rinn Calum air an latha seo. Cleachd fianais às an earrainn nad fhreagairt.

3

*Coimhead a-rithist air paragraf 3.*

2. Seall mar a tha an t-ùghdar a' cleachdadh taghadh-facail gus sealltainn gun robh, agus gum bitheadh, e doirbh do Chalum a shlighe a dhèanamh am broinn na h-uamha.

2

*Coimhead a-rithist air paragraf 5.*

3. Seall, le eisimpleirean, mar a tha an t-ùghdar a' cleachdadh taghadh-facail airson cuideam a chur air cho mìorbhaileach 's a bha an sealladh a chunnaic Calum.

3

*Coimhead a-rithist air paragraf 6.*

4. Mìnich na tha am paragraf seo a' nochdadh dhuinn mu character Chalum. Cleachd fianais às an earrainn nad fhreagairt.

3

*Coimhead a-rithist air paragraf 7 agus 8.*

5. Dèan geàrr-chunntas air na prìomh rudan a tha sinn a' faighinn a-mach mun leabhar. Na tagh ach am fiosrachadh as cudromaiche gus seo a dhèanamh. Cleachd na facail agad fhèin cho fad 's a ghabhas.

4

*Coimhead a-rithist air paragraf 9 agus 10.*

6. (a) Seall, le fianais, am prìomh fhaireachdainn a th' aig Calum.

1

(b) Le bhith a' coimhead air a' cho-theacsa, seall mar a tha structar-seantans air a chleachdadh ann am paragraf 10 gus am faireachdainn seo a thoirt am follais.

1

*Coimhead a-rithist air paragraf 12 gu 17.*

7. Dè na rudan a tha a' sealltainn dhuinn nach e duine àbhaisteach a bh' anns an duine a bha a' bruidhinn ri Calum? Cleachd fianais às an earrainn nad fhreagairt.

3

*Thoir sùil air an teacsa gu lèir*

8. 'Chrom e a' bheinn, a' beachdachadh air an eachdraidh a bha fhathast gun chruthachadh.' (paragraf 19)

(a) Beachdaidh air an taghadh-facail inntinneach a th' anns an t-seantans seo: 'eachdraidh'.

2

(b) Nad bheachd-sa, dè na ceistean a bhiodh an inntinn Chaluim fhad 's a 'chrom e a' bheinn'?

2

9. Tha an t-ùghdar a' toirt dhuinn dealbh gu math àbhaisteach den bheinn agus den uaimh aig an toiseach.

Le bhith a' smaoinichadh air na thachair às dèidh sin, beachdaich air carson a thug e dealbh cho àbhaisteach dhuinn aig an toiseach.

2

10. Tha an t-ùghdar a' cleachdadh sgilean teicnigeach anns an sgeulachd gu lèir.

Seall mar a chuir ceistean, samhlaidhean, ath-aithris agus structar-seantans ri èifeachdas na sgeulachd. Na tog air paragraf 10.

4

## 2. An Leughadair

### Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

- 1 Rinn Seòras osna agus thog e am botal plastaig a bha na laighe air a bheulaibh ri taobh a' chabhsair. Bha e a' faireachdainn gum biodh daoine ga shaoilsinn neònach a' dèanamh rudan mar seo, ach shaoil e nach robh e ceart am botal fhàgail an siud far am faodadh cuideigin tuiteam air agus e fhèin a ghoirteachadh. Bha an-còmhnaidh barrachd treallaich air na sràidean as t-samhradh agus barrachd dust cuideachd. Bha e fhathast a' faireachdainn seòrsa de chianalas airson na dùthcha air feasgar samhraidh.
- 2 Bha e air an rathad dhan leabharlann leis na leabhraichean air an do chuir e crìoch. Uill, bha e air crìoch a chur air fear aca, ach cha robh air na dhà eile. Bha inntinn air a bhith caran neo-shuidhichte agus cha robh an aon ùidh aige ann an leughadh 's a bhiodh aige a' chuid a bu mhotha den tìde. Chan e rud ùr a bha an seo. Bhiodh e a' tachairt bho àm gu àm.
- 3 Bha Sèoras air a bhith beò am measg leabhraichean airson a' chuid mhòr de bheatha, ag obair ann an leabharlann. Nuair a bha e òg, bhiodh na sgeulachdan a bhiodh e a' leughadh a' toirt faochadh dha agus e sgìth de threallaich agus dust na beatha – uallaichean agus argamaidean agus trioblaid. Nuair a bha e san oilthigh, 's iomadh leabhar a leugh e airson fiosrachadh fhaighinn. Nuair a dh'fhàs e na bu shine, bhiodh e gu tric a' smaoinichadh air faclan nam bàrd is e a' coiseachd timcheall nan sràidean. Ach, o bha e òg gus an latha an-diugh, 's ann airson toileachas a bu mhotha a bhiodh e a' leughadh. Bha saoghal eile ann dham faodadh e teicheadh.
- 4 “S ann a tha thu coltach ri sponge!” thuirt Eilidh ris aon fheasgar. “Tha thu a' sìor leughadh 's chan eil e tighinn gu ìre sam bith – chan eil thu a' sgrìobhadh no a' peantadh no a' seinn ...” B' i Eilidh nighean leis an robh e a' falbh nuair a bha e òg agus bha i fhèin measail air dràma.
- 5 B' fheudar dha aideachadh gun robh i ceart. Bha inntinn comasach, ach cha robh i beòthail. Bha e mar gun robh inntinn a' falbh aig an aon astar ri chasan.
- 6 “Cha dèan e cabhag uair sam bith!” chanadh athair.



- 7 Dhèanadh a mhàthair gàire 's choimheadadh i air le gaol. "S dòcha nach dèan," chanadh ise, "ach ruigidh Seòras againne a cheann-uidhe na ùine fhèin!" Bhiodh e uaireannan a' faireachdainn nach do ràinig e riamh, ge bith dè bha e a' dol a ruighinn. Air a shon sin bha gaol aige air Eilidh agus bha cuimhne aige fhathast air mar a bha e a' faireachdainn nuair a sguir i a dh'fhalbh leis.
- 8 Aon oidhche, gun rabhadh sam bith, thuirt e ri Ciorstag, a bhean, "Carson a phòs thu duine coltach riumsa?"
- 9 Choimhead i air airson tiotan. Chuir a' cheist stad oirre agus co-dhiù cha robh i cleachdte ri Seòras a bhith ag ràdh mòran. "Tha mi a' faireachdainn ... sàbhailte cuide riutsa, a Sheòrais," ars ise. 'S an uair sin rinn i gàire. Ach shaoil e gun cuala e i a' dèanamh osna.
- 10 O chionn ghoirid bha e air tòiseachadh air smaoinachadh air cho beag 's a rinn e riamh. An sgoil – an t-oilthigh – an leabharlann. 'S e nise air obair a leigeil seachad. "Dè an ìre gu bheil mi air a bhith beò idir?" smaoinich e.
- 11 Mar bu shine a bha e a' fàs, 's ann bu choltaiche a bha e ri eun-creachaidh ag èirigh air iteig os cionn na talmhainn – is a' faicinn cùrsa a bheatha a' sìneadh gu faire mar a bha an t-eun a' faicinn na talmhainn.
- 12 *"Hey! Look out!"*
- 13 Thog e a cheann.
- 14 Bha e air coiseachd a-null gun fhiosta dha gu àite far an robh luchd-obrach ag obair air togalach. Chunnaic e aodainn dhaoine le clogaidean cruaidh orra a' coimhead sìos air mus deach a h-uile càil dubh.
- 15 .....
- 16 Nuair a dhùisg Seòras chunnaic e gun robh e dorcha a-muigh. Thuig e gun robh e san ospadal. Chunnaic e nurs ri taobh na leapa.
- 17 Dè thachair?" dh'fhaighnich e.
- 18 Bhuail bucaid oirbh," thuirt an nurs. "Bha sibh fortanach."
- 19 "Fortanach!" thuirt e.
- 20 "Bha. Bha i falamh!" Rinn i gàire 's rinn e fhèin gàire fann air ais.
- 21 Dìreach an uair sin chunnaic e Ciorstag a' tighinn a-steach dhan rùm. Choisich i suas thuige 's shìn e a dhà ghàirdean a-mach mar a b' fheàrr a b' urrainn dha is thàinig i ga ionnsaigh.
- 22 Tha tòrr bruidhinn againn ri dhèanamh," ars esan.

## Ceistean: An Leughadair

**Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.**

*Leugh paragraf 1 a-rithist.*

1. Le eisimpleirean, seall mar a tha am paragraf seo a' toirt sealladh dhuinn air caractar Sheòrais.

3

*Leugh paragraf 3 a-rithist.*

2. (a) Le bhith a' togail air taghadh-facail, seall dè na diofar adhbharan a bha aig Seòras na bheatha airson a bhith a' leughadh?

3

- (b) "Bha saoghal eile ann dham faodadh e teicheadh."  
Le bhith a' togail air a' cho-theacsa, beachdaich air a' mheatafor seo.

2

*Leugh paragraf 4 a-rithist.*

3. "S ann a tha thu coltach ri sponge!"  
Le bhith a' togail air a' cho-theacsa, beachdaich air an t-samhla seo.

2

*Leugh paragrafan 6 agus 7 a-rithist.*

4. (a) Seall, le fianais, mar a bha diofar bheachdan aig athair is màthair Sheòrais air am mac.

2

- (b) "Bhiodh e uaireannan a' faireachdainn nach do ràinig e (a cheann-uidhe) riamh, ge bith dè bha e dol a ruighinn."

Le bhith a' togail air an t-seantans seo, beachdaich air mar a bha Seòras a' faireachdainn mu a bheatha.

2

*Leugh paragrafan 8 agus 9 a-rithist.*

5. Le bhith a' togail air taghadh-facail agus structar-seantans, seall mar a tha e soilleir gun robh Ciorstag an-fhoiseil nuair a dh'fhaighnich Seòras dhi carson a phòs i e.

3

*Leugh paragraf 10 a-rithist.*

6. Nad bheachd-sa, dè am prìomh fhaireachdainn a tha aig meadhan trioblaidean Sheòrais? Le bhith a' togail air an teacsa, mìnich carson a tha thu den bheachd seo.

3

*Leugh paragrafan 12 gu 16 a-rithist ann an co-theacsa na sgeulachd.*

7. (a) Dèan geàrr-chunntas air na prìomh rudan a thachair do Sheòras agus carson.  
Na cleachd ach am fiosrachadh as cudromaiche ann a bhith a' dèanamh seo.

3

- (b) Thoir seachad do bheachd air paragraf 15.

1

*Leugh paragrafan 18 gu 20 a-rithist.*

8. Seall mar a bha beachd na nurs agus beachd Sheòrais a thaobh an fhacail “fortanach” eadar-dhealaichte.

2

*Leugh paragrafan 21 agus 22 a-rithist.*

9. Beachdaich air na bha ann an inntinn Sheòrais nuair a thuir e ri Ciorstag gun robh “tòrr bruidhinn” aca ri dhèanamh.

2

*Thoir sùil air an teacsa gu lèir.*

10. Nad bheachd-sa, dè an ceangal a bha eadar an tubaist a thachair do Sheòras agus mar a dh'atharraich an staid-inntinn aige. Mìnich do bheachd.

2

30



### 3. Làithean nan Uachdaran

#### Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

- 1 Bha Iain a' dol a thilleadh dhachaigh. Ann an dòigh cha b' ann a' tilleadh a bhiodh e, oir cha robh e air an dachaigh fhaicinn riamh. Chan fhaca e i ach tro shùilean a sheanar a bhiodh ga lìonadh le sgeulachdan an àm a dh'fhalbh. Ach na bheachd-san 's i a dhachaigh a bh' innte.
- 2 B' e duine sona a bh' ann an seanair Iain, seadh gus am bruidhneadh e air na h-uachdarain, a chuir na daoine air falbh às an fhearann anns an t-seann dùthaich.
- 3 Ged nach fhaca e riamh an t-àite, bha rudeigin ann an cridhe Iain a bha ag ionndrainn ceò na mònach. Saoil an robh an seann taigh fhathast na sheasamh anns a' ghleann? No an robh an talamh fo chaoraich? Chuimhnich e air na sgeulachdan a bhiodh a sheanair ag innse dha mu na caoraich bhàna a dhòirt air a dhachaigh mar shneachda à ifrinn.
- 4 Ach bha ceud bliadhna is còrr bhon uair sin agus cha robh rian nach robh sneachda ifrinn a-nise air leaghadh agus nach robh na h-uachdarain air bàsachadh.
- 5 Choimhead e a-mach air uinneag a' phlèan 's i a' sgiathalaich os cionn an fhearainn. Shìos fodha bha bogsaichean mòra geala ag èirigh às an talamh 's cha robh tughadh idir orra.
- 6 Anns a' bhus bha iad a' còmhradh a-null 's a-nall ach cha robh e a' dèanamh mòran èisteachd riutha. Bha corra chaora ag ionaltradh, gu neo-chiontach, air taobh an rathaid.
- 7 Nuair a stad am bus, leum e a-mach agus, nuair a rinn e sin, thàinig e a-steach air airson a' chiad uair gur e coigreach a bh' ann. Cha robh fhios aige càit an deigheadh e. Cha robh e idir mar a dh'inns a sheanair dha. Thog e a mhàileid agus choisich e air adhart.
- 8 Anns an taigh-òsta, dh'fhaighnich e mun t-seann taigh. An uair sin dh'fhàg e na màileidean an sin agus choisich e a-mach dhan t-saoghal.
- 9 Ràinig e an taigh ach cha robh e idir ann. Ach, co-dhiù chaidh e a-steach. Bha a sheanair na shuidhe air beulaibh an teine.
- 10 "Seo", ars a sheanair, "far a bheil an seann taigh. Chì thu cho seasgair agus cho blàth 's a tha e. Seo far an do rugadh mi." An uair sin, gu h-obann, thuit an taigh mu a chluasan le fuaim eagalach, agus choisich e a-mach tro na clachan.

- 11 Thill Iain chun an taigh-òsta agus thòisich e air smaoinachadh. Cha tilleadh e a Chanada idir. Dh'inns an taigh dha nach robh e na choigreach tuilleadh.
- 12 Cha b' fhada gus an do chuir Iain eòlas air sluagh an àite. Bha faclan am beòil coibhneil, càirdeil ris. Bha e a' faireachdainn gun robh e aig an taigh.
- 13 "Gheibh mi fearann," thuirt e ris fhèin, "agus togaidh mi taigh às na clachan ud. Tha mi a' tilleadh gu m' àite fhèin."
- 14 Bha Iain a' bruidhinn ri Calum san taigh-òsta. Bha iad a' bruidhinn air na seann làithean. B' e duine gasta a bh' ann an Calum, fìor charaid, chanadh Iain - duine a thug fàilte chridheil dha a-steach am measg an t-sluaigh.
- 15 "Bha," thuirt Calum, "bha na h-uachdarain dona. Bha iad airson caoraich a chur air an fhearann agus airson sin dh'fhuadaich iad na daoine a-null a Chanada. Ach an-diugh chan eil sinn cho borb sin. Tha sinn air adhartas mòr a dhèanamh.
- 16 "Trohad dhachaigh còmhla rium airson do shuipear," thuirt e ri Iain. Agus rinn Iain sin.
- 17 "Cuin a tha thu a' dol dhachaigh a Chanada?" dh'fhaighnich Calum aig deireadh na h-oidhche.
- 18 "Chan eil mise a' dol a Chanada tuilleadh," fhreagair Iain. "Tha mi ag iarraidh fuireach an seo. Tha mi ag iarraidh fearann air an tog mi taigh. 'S tusa a tha os cionn na comataidh a bhios a' coimhead ris na rudan sin, nach tu? Tha fhios gum faigh mi pìos fearainn air an tog mi taigh?"
- 19 Bha Calum greiseag mus do fhreagair e. "Uill," thuirt e mu dheireadh, "chan eil sin furasta. 'S e coigreach a th' annad ... agus feumaidh sinn, 'eil fhios agad ... na th' againn de thalamh airson nan caorach ... feumaidh caoraich feur ... chan aontaich a' chomataidh ..."
- 20 "Chan eil làithean nan uachdaran seachad idir," ars Iain 's e ag èirigh 's a' dèanamh air an doras. "Tapadh leat airson na suipeir."
- 21 An-ath-latha bha e air a' phlèan dhachaigh a Chanada.

### 3. Ceistean Làithean nan Uachdaran

Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.

*Leugh paragraf 1 a-rithist.*

1. (a) Aig toiseach na sgeulachd, tha e air innse dhuinn gu bheil Iain a' dol 'dhachaigh'. Dè tha annasach mun tagadh-facail seo? 1
- (b) Nad bheachd-sa, carson a thagh an sgrìobhadair am facal seo ('dhachaigh')? 2

*Leugh paragrafan 3 gu 6 a-rithist.*

2. Tha Iain a' cuimhneachadh air an eachdraidh (mu àm nam fuadaichean) a dh'inns a sheanair dha. Beachdaich air dè cho èifeachdach 's a tha ìomhaigheachd leantainneach nan caorach. 4

*Leugh paragraf 7 a-rithist.*

3. Dèan geàrr-chunntas air na prìomh rudan a thuig Iain nuair a thàinig e a-mach às a' bhus.

Na cleachd ach am fiosrachadh as cudromaiche ann a bhith a' dèanamh seo.

3

*Leugh paragrafan 11 gu 14 a-rithist.*

4. Seall, le eisimpleirean agus le fios air na thachras fhathast san sgeulachd, mar a chaidh Iain a mhealladh le sluagh an àite.

3



*Leugh paragrafan 13 gu 18 a-rithist.*

5. Seall, le fianais, gu bheil beachdan eadar-dhealaichte aig Calum agus Iain a thaobh far a bheil dachaigh Iain.

2

*Leugh paragraf 19 a-rithist.*

6. Tha structar-seantans, puingeachadh agus taghadh-facail a' nochdadh nach eil Calum cofhurtail anns an t-suidheachadh seo. Seall, le eisimpleirean, mar a bha an sgrìobhadair soirbheachail ann a bhith a' cur nan trì rudan seo gu feum.

3

*Leugh paragraf 20 a-rithist.*

7. (a) 'Chan eil làithean nan uachdaran seachad idir'. Seall na bha Iain a' ciallachadh le bhith ag ràdh seo.

2

- (b) Thoir sùil a-rithist air paragraf 15. Seall mar a tha taghadh-facail a' sealltainn gu bheil Calum fhèin a' dèanamh ceangal eadar e fhèin is a leithid agus na h-uachdarain.

2

*Thoir sùil air an teacsa gu lèir.*

8. Seall mar a tha cearcall ri fhaicinn san sgeulachd, eadar an toiseach agus an deireadh.

2

9. Seall, le eisimpleirean às an teacsa, gun robh a' Ghàidhealtachd air atharrachadh an coimeas ris an dealbh a bh' aig Iain oirre. Na tog air eisimpleirean a chleachd thu ann am freagairtean eile.

3

10. Beachdaich air adhbharan an sgrìobhadair ann a bhith a' cruthachadh na sgeulachd seo. Feuch gun tog thu air an earrainn.

3

## 4. Shuas air an Lobhta

### Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

- 1 Bha Iain seachd-deug, air starsaich a bheatha mar inbheach. B' e seo an latha mu dheireadh aige san sgoil agus nuair a thàinig e dhachaigh aiste, dhìrich e suas an t-àradh don lobhta a bh' anns an taigh aca. Cha robh e cinnteach carson a rinn e seo.
- 2 Sheall e a-mach air an uinneig air a' bhaile, shìos fodha. Mu choinneamh bha taigh teaghlach Sheòrais. 'S e co-aois Iain a bh' ann an Seòras. Bha e math air seinn agus bha e ann an còmhlàn-ciùil a bhiodh a' cluiche air feadh an eilein. Bha e sònraichte air ball-coise cuideachd. "Tha Seòras math air a h-uile rud," thuirt Iain ris fhèin, "agus tha làn fhios aige fhèin air a sin!"
- 3 An ath thaigh a-rithist 's e taigh Iseabail. Bha i cho bodhar ri cloich agus nuair a bhiodh i a' bruidhinn riut bhiodh i ag èigheach. 'S e boireannach mòr, foghainteach a bh' innte, anns a h-uile dòigh. Bha mac aice a bha a' fuireach còmhla rithe 's cha bhiodh e a' tighinn a-mach cha mhòr uair sam bith. Bhiodh Iain a' dol a shealltainn air an duine seo agus bhiodh e a' faighinn leabhraichean bhuaithe.
- 4 'S e an ath thaigh, taigh Iagan. B' e seo fear a bha air a bhith anns a' chogadh, anns an àird an ear. Chuimhnich Iain air an latha a chuir e ceistean air airson pròiseact sgoile. Bha Iagan na phàirt de sgioba plèan-cogaidh. Chuir e iongantas air Iain mar a b' urrainn dha a dhol suas ann am plèan os cionn a' Chuain Shèimh, a rèir choltais gun iomagain sam bith, ged a bha plèanaichean an nàmhaid a' toirt ionnsaigh orra.
- 5 Chitheadh Iain am muir tron uinneig agus chuimhnich e dha an cidhe. Bha togalach cloiche aig a' chidhe bhom biodh daoine ag iasgach agus bha seòrsa de àradh iarainn air a leigeil a-steach dhan chloich agus a' dol suas gu mhullach. Nuair a bha e òg, bha an t-eagal air an t-àradh seo a dhìreadh 's bha cuimhne aige fhathast a' chiad latha a rinn e sin. 'S e a bha toilichte.
- 6 Chuimhnich e an uair sin air an latha a ghlan e an simileir aca fhèin airson a' chiad uair. Bha a chasan air chrith air an àradh ach a-rithist shoirbhich leis. 'S bha e mìorbhaileach toilichte an latha ud cuideachd.
- 7 Chuimhnich e cuideachd air iomadh sgeulachd a chuala e mu dheidhinn na mara. Dh'inns a mhàthair dha, iomadh uair, mun turas a chaidh balaich às a' bhaile a-mach air eathar beag gu tràlair airson iasg fhaighinn bhuapa. Ach thàinig stoirm uabhasach 's cha leigeadh an sgiobair air bòrd iad airson fasgadh. Chaidh a h-uile duine aca a

bhàthadh. “Cuimhnich, tha am muir cunnartach,” bhiodh i ag ràdh.

- 8 Bha a bhràthair òg, Murchadh, ag ràdh gun robh e an dùil a dhol a dh’Astràilia nuair a dh’fhàsadh e suas. Bha e an dùil siubhal air feadh na dùthcha sin gu lèir. Cha robh càil a’ cur eagal air Murchadh.
- 9 Bha am post air a dhol seachad. ’S e fear an ìre mhath aosta a bh’ ann. Cha toireadh e litir do dhuine sam bith ach an duine gu robh i air a seòladh, ged a bhiodh an duine a-muigh ag obair air an fhearann no anns a’ chladach. ’S e duine glè mhionaideach a bh’ ann, gun cus mac-meanmna ’s dòcha.
- 10 Bha Iain air a bhith ann an Glaschu aon turas. Bha e aig stèisean nan tràanaichean ’s bha daoine an sin a’ cluich air giotàran is iad air tòir airgead. Cha robh sgath àite-fuirich aca. Nach robh sin uabhasach? Thug Iain sùil eile timcheall air a’ bhaile aige fhèin a-rithist. Cha b’ e baile mòr a bh’ ann, dìreach naoi no deich a thaighean, cuid aca falamh. Bha tòrr sàmhchair agus sìth ann.
- 11 Uaireannan chluinneadh tu gun robh mort air a bhith ann an Glaschu. Nuair a chaidh e do Àrd-sgoil MhicNeacail an toiseach, bha e a’ smaoinichadh gur e Steòrnabhagh am baile a bu mhotha air an t-saoghal, ach bha Glaschu fada na bu mhotha.
- 12 Ach a dh’aindeoin a h-uile rud, bha am baile mòr ga tharraing, leis na solais, na busaichean agus na bùthan. Bha e a’ faicinn saoghal mòr, ùr a’ fosgladh a-mach air a bheulaibh.
- 13 Thug e sùil a-mach air a’ mhuir a-rithist. Bha e ciùin, cha robh gaoth air fheadh, agus bha e gorm.
- 14 “Tha mi a’ tighinn,” dh’èigh e ris a’ mhuir ghorm. “Tha mi a’ tighinn. Tha mi aosta gu leòr airson a dhol a-mach air a’ mhuir leam fhèin. Tha gu dearbh!”

## 4. Ceistean: Shuas air an Lobhta

**Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacs, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.**

*Leugh paragraf 1 a-rithist.*

1. 'Bha Iain seachd deug, air starsaich a bheatha mar inbheach'.

Seall, le iomradh air a' pharagraf air fad, mar a tha an ìomhaigh seo freagarrach.

2

*Leugh paragrafan 2 agus 3 a-rithist.*

2. Tha na smuaintean a th' aig Iain air daoine eile a' toirt beachd dhuinn air caractar Iain fhèin. Le bhith a' togail air an earrainn, seall mar a tha seo fìor a thaobh:

(a) Seòras.

2

(b) mac Iseabail.

2

*Leugh paragraf 4 a-rithist.*

3. Dèan geàrr-chunntas air na prìomh rudan a tha sinn a' faighinn a-mach mu bheatha Iagain.

Na cleachd ach am fiosrachadh as cudromaiche ann a bhith a' dèanamh seo.

3

*Leugh paragraf 7 a-rithist.*

4. Beachdaich, le eisimpleirean, air caractar màthair Iain.

3



*Leugh paragraf 10 agus 11 a-rithist.*

5. Seall, le fianais, mar a tha an t-àite anns an deach Iain a thogail air buaidh mhòr a thoirt air mar a tha e a' faicinn an t-saoghail.

3

*Thoir sùil air an teacsa gu lèir.*

6. Beachdaich, le fianais, air carson a tha Iain a' smaoinichadh:

(a) mu Iagan (paragraf 4) agus a bhràthair òg (paragraf 8).

2

(b) mun phost (paragraf 9).

2

7. Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh mheataforan anns an sgeulachd gus innse dhuinn mu bheatha Iain.

Seall, le fianais, air mar a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh nam faclan a leanas:

(a) Tha am facal 'àradh' a' nochdadh ann am paragrafan 5 agus 6.

2

(b) Tha am facal 'muir' a' nochdadh ann am paragrafan 7, 13 agus 14.

3

8. Aig toiseach na sgeulachd, cha robh Iain fhèin cinnteach carson a chaidh e suas chun na lobhta. Carson, nad bheachd-sa, a rinn e seo?

2

9. (a) Dè an cuspair as motha, nad bheachd-sa, a tha ag èirigh anns an sgeulachd seo? Seall carson a tha thu den bheachd seo.

2

(b) Nad bheachd-sa, cò as motha dham faodadh an sgeulachd seo a bhith freagarrach? Mìnich do fhreagairt le iomradh air an sgeulachd.

2

30

## 5. Am Bàrd

### Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

- 1 Bha mi ga fhaicinn gach latha aig a' cho-labhairt. Bha e a' coimhead aonaranach, tòrr na b' àirde na daoine eile agus sgeadaichte an-còmhnaidh ann an trusgan dathte (aon turas bha deise phinc air). 'S e bàrd cliùiteach a bh' ann anns an Roinn Eòrpa an Ear – mu fhichead bliadhna air ais bha e dha-rìribh iomraiteach. Anns an linn sin bhithinn a' leughadh mu dheidhinn gun sgur, mar a bha e a' seasamh a-mach an aghaidh ana-ceartas a rìoghachd, mar a bha an stàit ga pheanasachadh agus mar, a dh'aindeoin sin, a bha e a' sgrìobhadh.
- 2 “Tha gràdh agam air mo dhùthaich ach tha mòran rudan ceàrr,” bhiodh e ag ràdh. “Nuair a sgrìobhas mi na h-aghaidh, 's ann ga dìon a tha mi.”
- 3 Bha e ag atharrachadh aodach tric. 'S ann a bha e a' coltachadh dhomh peucag a chunnaic mi uair air an eilean air am biodh a' cho-labhairt is i a' sgaoileadh a-mach a h-earball ioma-dhathte gu pròiseil. Ach bha a shùilean loisgte, sgìth.
- 4 Aon oidhche bha e a' leughadh a bhàrdachd fhèin 's grunn math ag èisteachd. Bha dithis bhoireannach a' leughadh na bàrdachd ann am Portuguese 's ann am Beurla. Bha e a' bruidhinn riutha gun sgur, a' toirt òrduighean dhaibh. An-dràsta 's a-rithist thigeadh gàire bòidheach, fosgailte gu aodann, mar gum biodh e air suids-solais a chur air.
- 5 Nuair a bha e fhèin a' leughadh, cha robh e a' cleachdadh pàipear no leabhar. Bha gach facal, dh'aithnichinn, cudromach dha. Aon turas thuirt e, “Seo an dàn a chuir don phrìosan mi,” 's rinn e gàire taitneach.
- 6 Nuair a bha mi ann an lobaidh an taigh-òsta an oidhche sin, chunnaic mi e na aonar mar a b' àbhaist. Chaidh mi suas thuige 's thuirt mi ris gun robh mi a' dol gu mo dhinnear. An robh e airson tighinn? Rinn e gàire fosgailte agus thuirt e gun tigeadh. Choisich sinn sìos an staidhre còmhla, esan cho àrd ri mo thaobh 's deise uaine air an turas seo.
- 7 Nuair a bha sinn nar suidhe a' gabhail ar bìdh, dh'inns e dhomh mu na rudan iongantach a rinn esan agus na daoine cliùiteach air an robh e eòlach. Ghabh e a bhìadh gu math toileach, a' sgrùdadh a' chlàr-bìdh gu cùramach. Dh'aithnicheadh tu gun robh e cleachdte ris an dòigh-beatha seo.
- 8 Thòisich e ag innse sgeulachd dhomh mu dheidhinn bean Seanalair

leis an robh e a' falbh san Spàinn. "Bha i uabhasach bòidheach," ars esan. "Bha amharas aig an t-Seanalair dè bha a' dol ach bha e trang aig coinneamhan. Dè seòrsa fion a tha seo? Tha e glè mhath."

- 9 "Tha i nise marbh," thuirt e. "Chuala mi gun do bhàsaich i. Chaidh mo rumannan a rannsachadh. Tha mi a' creidsinn gun robh iad a' coimhead airson litrichean bhuaipe."
- 10 "Chan eil fhios nach e cur às dhi fhèin a rinn i."
- 11 Bha e air a bhith pòsta trì tursan, thuirt e rium. "Ach bha mi air falbh cho tric bhon taigh. Tha còignear chloinne agam."
- 1 "A bheil a' cho-labhairt a' còrdadh riut?" dh'fhaighnich e. "Chan eil mise a' smaoinichadh gu bheil an ceann-suidhe a th' aca freagarrach. Tha a bheul coltach ri sporan dùinte. An do mhothaich thu dhan a sin? Gabhaidh mi Capuccino."
- 13 "Tha feadhainn ag ràdh gur ann à uaille a sheas mi a-mach an aghaidh an riaghaltais," thuirt e, "gus am faighinn m' ainm anns na pàipearan." Rinn e gàire. "Uille, faodaidh iad sin a ràdh ma thogras iad."
- 1 "S e an t-aonaranas as miosa nuair a tha thu sa phrìosan. Bha mo bhean a' sgrìobhadh thugam fhad 's a bha mi an grèim, ach nuair a fhuair mi mo shaorsa, thòisich mi air falbh le tè eile. Ò, 's e trustar a th' annam ceart gu leòr." 'S rinn e gàire.
- 15 Bha e airson pàigheadh airson a dhinneir ach cha leiginn leis. "Ach feumaidh mi seo innse dhut," ars esan. "Bidh mi glè thric a' smaoinichadh air nighean òg anns a' bhaile againn fhèin. Bhithinn a' dol a thadhal air a h-athair 's bhiodh esan fad na h-oidhche na shuidhe a' smocadh pìob, cho sona ris na cnuic. Nam bithinn air a pòsadh, càit am bithinn an-diugh? Fhathast anns a' bhaile sin, a' smocadh pìob?"
- 16 Choisich sinn air ais chun an taigh-òsta anns a' chamhanaich. "Uille, tapadh leibh airson na dinneir," thuirt e. Ach an-ath-mhadainn cha tuirt e facal rium aig àm bracaist, ged a bha sinn aig an aon bhòrd.

## 5. Ceistean: Ceistean: Am Bàrd

**Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.**

*Leugh paragrafan 1 agus 3 a-rithist.*

1. Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh samhla ann am paragraf a trì. Le bhith cuideachd a' togail air na leugh sinn anns a' chiad pharagraf, seall mar a tha an samhla seo a' cur ris an dealbh a th' againn den bhàrd.

3

*Leugh paragraf 2 a-rithist.*

2. Mìnich beachdan a' bhàird a thaobh carson a bhiodh e a' sgrìobhadh.

3

*Leugh paragrafan 4 agus 5 a-rithist.*

3. Le bhith a' togail air taghadh-facail, seall na tha sinn ag ionnsachadh mu character a' bhàird on dòigh anns an robh e ga ghiùlan fhèin:

(a) fhad 's a bha na boireannaich a' leughadh a bhàrdachd

2

(b) agus fhad 's a bha e fhèin ga leughadh.

2

*Leugh paragrafan 7 gu 14 a-rithist.*

4. Tha an còmhradh eadar an neach-aithris is am bàrd a' nochdadh tòrr dhuinn a thaobh character a' bhàird. Beachdaich, le eisimpleirean, air na tha sinn ag ionnsachadh mu dheidhinn bho na leanas:

(a) sgeulachd bean an t-Seanalair.

3

(b) suidheachadh a theaghlaich.

3

(c) na tha e ag ràdh ann am paragraf 12. Bu chòir dhut togail air structar-seantans is ìomhaigheachd.

2



*Leugh paragraf 15 a-rithist.*

5. Le bhith a' togail air an teacs, beachdaich air na bha ann an inntinn a' bhàird nuair a dh'inns e an sgeulachd mun nighinn agus a h-athar.

2

*Leugh paragraf 16 a-rithist.*

6. Nad bheachd-sa, dè tha deireadh na sgeulachd ag innse dhuinn mu character a' bhàird? Cleachd fianais nad fhreagairt.

2

*Thoir sùil air an teacs a gu lèir.*

7. Tha sinn a' faicinn tron sgeulachd nach eil am bàrd uile-gu-lèir dòigheil ged a tha beatha gu math inntinneach air a bhith aige. Seall, le eisimpleirean, mar a tha seo fìor. Na tog air eisimpleirean a chleachd thu roimhe seo.

2

8. A bharrachd air character a' bhàird, tha an sgeulachd seo a' toirt beachd dhuinn air character an neach-aithris. Le bhith a' togail air eisimpleirean às an earrainn air fad, beachdaich air character an neach-aithris.

3

9. Tha an sgeulachd seo a' toirt oirnn a bhith a' ceasnachadh carson a bhios daoine a' sgrìobhadh litreachas (leithid bàrdachd) agus a' bhuidh a th' aig litreachas air an t-saoghal. Le bhith a' togail air an earrainn air fad, beachdaich air mar a tha an sgeulachd a' ceasnachadh:

- (a) carson a bhios daoine a' sgrìobhadh litreachas.

2

- (b) a' bhuidh a th' aig litreachas air an t-saoghal.

1

30

## 6. Daoine Onarach Gu Lèir

### Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

- 1 Nuair a thàinig am fios on chomataidh, bha Rena anns an leabharlann a' sgrìobhadh litir do dhuine dall. Rinn i gàire ris an nighinn a thàinig leis an t-sumanadh agus thug i taing dhi, ach cha do sguir i a sgrìobhadh.
- 2 “Nach fheàrr dhut falbh?” ars an dall. “S dòcha gur e gnothach cudromach a th' ann.”
- 3 “Chan eil e cho cudromach ri do litir,” ars Rena, cho suilbhir 's a b' àbhaist. Ach bha an sumanadh air an duine a chur troimh-a-chèile 's cha tuirt e an còrr.
- 4 Thàinig Rena o dhaoine beairteach agus phòs i fear beairteach. Ach dh'fhàs an duine aice dall, agus 's ann nuair a thòisich i a' coimhead às a dhèidh a thàinig e a-steach oirre nach do rinn i fhèin obair fheumail a-riamh. Bha e na chùis-iongnaidh dhi gun robh feadhainn ann a bha a' cuideachadh nan dall fad am beatha air fìor dhroch phàigheadh. Seo mar a thàinig i gu bhith ag obair ann an Ionad nan Dall. Bha meas aig na doill agus a companaich oirre agus cha do rinn an stiùireadair ùr, Mgr Friseal, atharrachadh sam bith air a suidheachadh - chun a seo co-dhiù.
- 5 Chaidh i timcheall a' bhùird mhòir san talla, tiodhlac o chuideigin neo-ainmichte, agus chaidh i suas an staidhre ùr fhiodh, tiodhlac eile. Mura b' e na tiodhlacan seo, bhiodh e cho math don Ionad a dhorsan a dhùnadh.
- 6 Ghnog i an doras agus dh'fhosgail Mgr Friseal e. “Thig a-steach” thuirt e. “Gabh sèithear.” Bha triùir fhireannach agus dithis bhoireannach air taobh eile a' bhùird. Daoine dòigheil, ceart, a bha a' toirt tòrr dhan tìde, an-asgaidh, airson math nan dall.
- 7 Rinn Sir Seumas, a bha sa chathair, gàire fann. “Bu chaomh leam a ràdh sa bhad”, thuirt e, “gu bheil sinn glè riarachaidhean led obair, ach tha Mgr Friseal air ar n-aire a tharraing gu rud neònach.” Sheall Rena air Mgr Friseal, ach bha e a' coimhead air falbh.
- 8 “Tha e coltach,” arsa Sir Seumas, “nach aithne dhut Braille a leughadh no a sgrìobhadh.”
- 9 “Tha sin ceart,” thuirt Rena. “S e tha mi a' teagasg ach dèanamh bhasgaidean...”
- 10 “Ach dè nì thu nuair a dh'iarras duine dall ort Braille ionnsachadh dha?” dh'fhaighnich a' Bhean-phòsta NicIain.
- 11 “Innsidh mi do mo chompanaich. Tha Braille aca uile. Bidh mise gan

cuideachadh le obair-làimhe,” thuirt i.

- 12 “Ach tha mi a’ tuigsinn,” arsa Seumas, “gum feum teisteanas o Cholaiste nan Dall a bhith aig an luchd-obrach uile, nach eil sin ceart?”
- 13 “Tha, ach cha robh an riaghailt sin ann nuair a thòisich mise ag obair,” thuirt Rena.
- 14 “Ach tha riaghailtean cudromach anns a h-uile seòrsa obair,” ars an Còirneal.
- 15 “Nach fhaodadh tu fhathast a dhol gu Colaiste nan Dall airson ionnsachadh?” dh’fhaighnich a’ Bhean-phòsta NicIomhair.
- 16 Chunnaic Rena gun robh iad a’ feitheamh ri freagairt. “Chan eil e furasta aig m’ aois-sa Braille ionnsachadh,” thuirt i. “Chan eil mo fhradharc làidir ... Co-dhiù tha innealan aig a’ mhòr-chuid de na daoine dall an-diugh a leughas leabhraichean dhaibh: chan eil uimhir a dh’fheum aca air Braille.”
- 17 Tha mi a’ tuigsinn nach eil thu airidh air a’ phàigheadh a th’ agad an-dràsta mura faigh thu an teisteanas a th’ aig càch,” arsa Sir Seumas. Sheall e ri Mgr Friseal.
- 18 “’S e sin an sealladh a th’ aig an Aonadh againn air,” thuirt Mgr Friseal. “Sin an riaghailt.”
- 19 “Tha mi glè dheònach m’ obair a dhèanamh gun phàigheadh idir,” thuirt Rena.
- 20 Cha tuirt duine guth. Rinn Sir Seumas casad agus sheall e mun cuairt, ach an robh duine a’ dol ga chuideachadh. ’S e Mgr Friseal a bhruidhinn. “Ged a dhèanadh i an obair an-asgaidh...”
- 21 “Nach sàbhaileadh sin airgead dhuinn?” thuirt an t-Urramach Camshron.
- 22 Ach bhiodh i fhathast a’ cumail tuarastal o chuideigin eile,” arsa Mgr Friseal. “Agus chan eil Aonadh sam bith gu bhith deònach leigeil le duine obrachadh gun phàigheadh. Tha prionnsabal cudromach againn an seo.”
- 23 “Agus rud eile,” thuirt an Còirneal. “Dè an seòrsa smachd a bhios aig ceannard air duine a tha ag obair gun phàigheadh?”
- 24 Dh’èirich Rena. “Tapadh leibh,” thuirt i “ach tha mi a’ smaoinichadh gun leig mi seachad mo dhreuchd.” Leis a sin, choisich i a-mach.
- 25 A-muigh air an t-sràid, ’s e fearg a’ chiad rud a lion a h-inntinn, ach an ceann greis rinn i gàire. Chaidh i a-steach dhan bhanca, far an robh a bràthair na mhanaidsear.
- 26 “Chaill mi m’ obair,” ars ise, agus dh’inns i mar a thachair. Rinn an dithis gàire.
- 27 “Cha chuala mi a leithid riamh,” ars a bràthair. “Nach ann le do thiodhlacan a thog iad an leabharlann Braille! Nach mòr an call a rinn iad.”

## 6. Ceistean: Daoine Onarach Gu Lèir

**Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.**

*Leugh paragrafan 1 gu 3 a-rithist.*

1. Seall, le eisimpleirean, dè seòrsa caractar a th' ann an Rena.

3

*Leugh paragraf 4 a-rithist.*

2. (a) Carson, nad bheachd-sa, a chleachd an sgrìobhadair ath-aithris anns a' chiad seantans den pharagraf seo.

1

- (b) Le bhith a' togail air an teacsa, beachdaich air carson a thòisich Rena ag obair aig Ionad nan Dall.

2

*Leugh paragraf 5 a-rithist.*

3. Nad bheachd-sa, carson a chuir an sgrìobhadair am paragraf seo a-steach dhan sgeulachd?

2

*Leugh paragraf 6 a-rithist.*

4. (a) Seall, le eisimpleirean, mar a tha taghadh-facail agus structar seantans air an cleachdadh gus tòna foirmeil, mì-chofhurtail a chruthachadh.

3

- (b) Beachdaich air an t-seantans mu dheireadh. Carson a tha e ann?

2

*Leugh paragraf 7 a-rithist.*

5. Seall, le eisimpleirean, mar a tha taghadh-facail air a chleachdadh gus sealltainn gu bheil droch naidheachd gu bhith aig a' bhuidheann do Rena.

2



*Leugh paragrafan 8 gu 23 a-rithist.*

6. (a) Nad bheachd-sa, cò an dithis a bu mhotha a bha airson taic a thoirt do Rena. Seall, le fianais, carson a tha thu den bheachd seo. 2
- (b) Beachdaich air caractar **aon** de na daoine a leanas: Sir Seumas no Mgr Friseal. 2
- (c) Le bhith a' togail air an teacs, seall mar a bha na beachdan aig a' Chòirneal nan sgàthan air an obair a bh' aige. 2
- (d) Beachdaich air mar a tha ainmean buill na comataidh a' toirt beachd dhuinn a thaobh mar a bhiodh Ionad nan Dall air a ruith. 2

*Leugh paragraf 25 a-rithist.*

7. Chì sinn an seo gun robh dà fhaireachdainn aig Rena is i 'a-muigh air an t-sràid'. Mìnich carson a bhiodh an dà fhaireachdainn seo aice. 2

*Thoir sùil air an teacs gu lèir.*

8. Nad bheachd-sa, dè na prìomh theachdaireachdean a tha ag èirigh às an sgeulachd seo? Seall, le eisimpleirean, carson a tha thu den bheachd seo. 3
9. Beachdaich air dè cho freagarrach 's a tha tiotal na sgeulachd. 2

## 7. An Leum

### Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

- 1 Bha na balaich nan seasamh air bruaich na h-aibhne 's iad ag argamaid. "Uill, tha mise dol a dh'fheuchainn co-dhiù," arsa Murchadh. 'S e balach dèanta a bh' ann am Murchadh, ach bha Iain tana. Chan eil fhios carson a bha iad nan caraidean, oir bha iad uabhasach eadar-dhealaichte bho chèile. Mar eisimpleir, bha Murchadh slaodach anns an sgoil, ach bha Iain adhartail.
  - 2 'S e latha brèagha soilleir a bh' ann, agus an dithis air saor-làithean bhon sgoil. Thug Murchadh sùil sìos don abhainn far an robh beagan uisge nach robh buileach a' còmhdach nan clachan. Tha mi 'n dòchas nach fheuch e, bha Iain a' smaoinichadh. 'S chunnaic e corp anns an abhainn agus daoine a' sealltainn sìos agus a' gal.
  - 3 Chunnaic Iain am falt goirid air cùl ceann Murchaidh agus a chasan grad, làidir, agus bha fhios aige gun leumadh e. Aon turas chaidh Murchadh ann an eathar leis fhèin agus cha robh e ach deich bliadhna dh'aois. A-nise bha an dithis dà bhliadhna dheug 's iad air an aon chlas anns an sgoil.
  - 4 Ma bhuaileas mi mo cheann air na clachan..., bha Iain a' smaoinichadh, agus anns a' mhionaid dh'fhairich e mar gum biodh fuil a' sruthadh sìos a lethcheann. Aon latha shaoil e gum fac' e tiodhlacadh, ach thuirt a mhàthair ris nach robh tiodhlacadh ann an latha sin.
  - 5 Bu thoigh leam a bhith coltach ri Murchadh, ars Iain ris fhèin. Ach a dh'aindeoin sin bha e a' smaoinichadh, cha do leugh Murchadh an leabhar seo no an leabhar ud eile, ged a bha e math air cunntadh.
  - 6 Dh'èirich Murchadh gu chasan. Thug e ceum neo dhà air ais, agus an dèidh sin leum e agus le beagan sporghail bha e na sheasamh air a' bhruaich eile.
  - 7 Chaidh Iain air ais dà cheum, 's dh'fheuch e ri leum, ach cha b' urrainn dha. "Tha an talamh ro shleamhainn," dh'èigh e.
- \* \* \*
- 8 Choinnich iad ri chèile ann an Glaschu (far an robh Iain na fhear-teagaisg). Bha Murchadh air fòn a chur gu Iain is air iarraidh air coinneachadh ris ann an taigh-òsta am meadhan a' bhaile. 'S e Iain a ràinig an taigh-òsta an toiseach. Choimhead e air an t-sòfa mhòr leathair anns an lobaidh mus do shuidh e. Thug e sùil air an doras an-

dràsta is a-rithist. An dùil an aithnicheadh e Murchadh, no Murchadh esan?

- 9 Bha sgàthain mhòra air feadh na lobaidh agus lusan an siud 's an seo. Nuair a bha e a' sealltainn ris a' chloc òr-bhuidhe, dh'fhairich e làmh air a ghualainn. Chlìg e. Thionndaidh e is dh'aithnich e sa bhad gur e Murchadh a bh' ann, ann an deise dhubh, uaireadair mòr air cùl a dhùirn, nèapaigear aig a bhroilleach, brògan gleansach air.
- 10 "Dh'aithnichinn thu am bad sam bith," thuirt Murchadh, "oir bha thu riamh iomagaineach. Tha mi air tilleadh à Ameireaga airson trì làithean. Tha mi 'g obair aig companaidh mhòr an sin." Thug e sùil air uaireadair. "'S fheàrr dhuinn a dhol a-steach a ghabhail cofaidh." Nuair a bha iad nan suidhe ag òl cofaidh, thuirt Iain, "Bheil cuimhn' agad an turas a bha sinn a' dol a leum na h-aibhne? Leum thusa ach cha do leum mise."
- 11 "A bheil sin ceart?" arsa Murchadh, 's e dòrtadh a-mach cofaidh às a' phoit airgeadach. "Chan eil cuimhn' agam air a sin. Ò uill," thuirt e an uair sin, "'s dè tha thu fhèin a' dèanamh a-nis?" "Fear-teagaisg," ars Iain.
- 12 "Bhiodh tu a' leughadh tòrr leabhraichean," arsa Murchadh. "Tha cuimhn' am air sin. An aithne dhut Wilbur Smith?" "Chan aithne," ars Iain. "'S caomh leam na leabhraichean aige," arsa Murchadh. "Agus Ludlum. Tha esan math cuideachd."
- 13 Thug Murchadh sùil eile air uaireadair. "Ach feumaidh mi falbh a dh'aithghearr. Tha coinneamh agam." "Ò, na bi fuireach riumsa," ars Iain.
- 14 Carson a bha dùil aige nuair a thàinig e steach gum biodh còmhraidh eadar an dithis aca mu dheidhinn na h-aibhne, mu dheidhinn an latha nach tug e fhèin an leum a bu chòir dha.
- 15 "A bheil an teagasg a' còrdadh riut?" arsa Murchadh. "An ìre mhath", ars Iain. (Ach smaoinich e air uair a thuirt e ri nighean air aon de na clasaichean aige, "Dè 'n leabhar mu dheireadh a leugh thu?" 'S thòisich i air gàireachdainn air.)
- 16 "Uill," arsa Murchadh, "tha mo dhreuchd fhìn a' còrdadh riumsa glè mhath." 'S le sin, dh'èirich e gu chasan. "An-ath-turas a bhios mi ann an Glaschu, cuiridh mi fòn thugad," thuirt e ri Iain. "A bheil cairt agad? Bu chòir dhòmhsa a bhith air leughadh barrachd na leugh mi anns an sgoil."
- 17 Sgrìobh Iain a sheòladh air pìos pàipeir agus àireamh a fòn. Thug Murchadh cairt dha. Dhealaich iad aig an doras 's chaidh Murchadh a-mach a-rithist a mheasg an t-sluaigh a bha a' dòrtadh seachad air. Dh'fhuirich Iain aig oir an rathaid gus am fac' e an duine uaine a' tighinn air, 's an dèidh sin rinn e air an stèisean.
- 18 Nuair a bha e a' feitheamh ris an trèana, thug e sùil air na rèilichean agus shaoil e gun robh iad ag innse sgeulachd dha, ach cha robh fhios aige dè 'n sgeul a bh' ann.

## 7. Ceistean: An Leum

**Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.**

*Leugh paragrafan 1 gu 7 a-rithist.*

1. Tha sinn a' cur eòlas air Murchadh agus Iain aig toiseach na sgeulachd. Le bhith a' togail air taghadh-facail, beachdaich air diofar rudan a tha sinn ag ionnsachadh mu:

(a) character Mhurchaidh.

2

(b) character Iain.

3

2. Dè, nad bheachd-sa, an t-amas a th' aig an sgrìobhadair anns na paragrafan seo? Cleachd fianais fhreagarrach nad fhreagairt.

1

*Leugh paragrafan 8 agus 9 a-rithist.*

3. (a) Seall, le fianais, gu bheil e soilleir nach eil Iain cleachdte ri bhith ann an taighean-òsta mar seo.

2

(b) Seall mar a tha taghadh-facail agus structar-seantans air an cleachdadh gus sealltainn gu bheil Iain fhathast na character i omagaineach.

3

*Leugh paragrafan 10 gu 13 a-rithist.*

4. Tha Iain a' faighneachd do Mhurchadh mun latha nuair a bha iad 'a dol a leum na h-aibhne'. Tha cuimhne mhath aig Iain air, ach chan eil cuimhne idir aig Murchadh.

Nad bheachd-sa, dè tha seo ag innse dhuinn mun dà character?

2



*Leugh paragrafan 9 gu 16 a-rithist.*

5. Thoir geàrr-chunntas air an adhartas a tha Murchadh air a dhèanamh on a dh'fhàg e an sgoil. Na cleachd ach am fiosrachadh as cudromaiche ann a bhith a' dèanamh seo.

3

*Leugh paragrafan 14 agus 15 a-rithist.*

6. Seall, le fianais, nach eil Iain air toileachas a lorg no air mòran adhartais a dhèanamh na bheatha.

2

*Leugh paragrafan 9, 10 agus 13 a-rithist.*

7. Carson, nad bheachd-sa, a tha an uair (an cloc agus an t-uairadair aig Murchadh) air ainmeachadh cho tric san sgeulachd?

2

*Leugh paragraf 17 a-rithist.*

8. Smaoinich a-rithist air mar a thachair aig an abhainn.

Seall gu bheil cearcall a' tighinn faisg air deireadh na sgeòil.

2

*Thoir sùil air an teacsa gu lèir.*

9. Aig deireadh na sgeulachd, tha Iain a' smaoinichadh gun robh na rèilichean "ag innse sgeulachd dha ach cha robh fhios aige dè 'n sgeul a bh' ann".

Le bhith a' beachdachadh air ais air an sgeulachd gu lèir, mìnich an ìomhaigheachd seo.

2

10. Le bhith a' togail air eisimpleir, seall mar a chleachd an t-ùghdar structar èifeachdach anns an earrainn.

2

11. Beachdaich air dè cho freagarrach 's a tha tiotal na sgeulachd.

2

12. Nad bheachd-sa, dè an dà phrìomh theachdaireachd a tha ag èirigh às an sgeulachd seo? Seall, le eisimpleirean, carson a tha thu den bheachd seo.

2

## 8. An t-Aonaran

### Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

- 1 Aon latha thàinig aonaran a dh'fhuireach dhan bhaile againn, uill cha b' ann buileach dhan bhaile ach gu seann togalach shuas air cùl nan croitean, fear de na bothain a dh'fhàg an RAF air an cùlaibh an dèidh a' chogaidh.
- 2 Feumaidh mi innse dhuibh gur e maighstir-sgoile a bh' annam fhìn uaireigin, ach tha mi nise air mo dhreuchd a leigeil dhìom. Tha mi a' fuireach nam aonar on a chaochail a' bhean agam beagan bhliadhnaichean air ais. Aig amannan bidh mi faireachdainn aonaranach. Ach nach eil a h-uile duine a' faireachdainn sin, eadhon nuair a tha iad pòsta?
- 3 “Thàinig e steach don bhùth,” arsa Dougie ('s ann aig Dougie a tha an aon bhùth a th' anns a' bhaile), “'s bha gach nì aige sgrìobhte sìos air pìos pàipeir 's cha do bhruidhinn e rium idir. 'S ann a bha mi a' smaoineachadh an toiseach gur ann balbh a bha e ach cha b' ann, oir beagan an dèidh sin chuala mi e bruidhinn ris fhèin. Bha e ag iarraidh lof is ìm is càise is nithean mar sin. Ach, gu mì-àbhaisteach, cha robh e 'g iarraidh pàipear-naidheachd idir. Nach eil sin annasach? Duine àrd le baidhsagal, is aodann donn leis a' ghrèin. Is crios ròpa mu aodach. Sùilean uabhasach gorm ann. 'S cha tuirt e smid. Chuir seo cais orm, tha thu a' tuigsinn, ach cha tuirt mi càil.”
- 4 “'S tha e a' fuireach shuas an sin, gun duine ach e fhèin,” thuirt e an uair sin.
- 5 Tha Dougie fhèin pòsta, ach chan eil mi a' smaoineachadh gu bheil am pòsadh uabhasach dòigheil oir bidh e a' dol suas am baile air a' bhus glè thrìc 's a' tighinn dhachaigh leis an deoch air. Bha e soilleir nach do chòrd an t-aonaran ris air adhbhar air choreigin.
- 6 Bha grunn làithean mus fhaca mi fhìn an t-aonaran, 's mi air a' mhòintich ag iasgach aig loch, mar a bhios mi glè thrìc. 'S e oidhche bhòidheach shamhraidh a bh' ann 's fàileadh cùbhraidh mun cuairt orm 's mi nam shuidhe ris an loch 's mo shlat anns an uisge. 'S deagh chaomh leam a bhith ag iasgach ged nach eil mi tric a' glacadh càil. Tha am baile uaireannan a' fàs glè chumhang dhomh. Leis an fhìrinn innse chan eil mòran ann a bhruidhneas mo chànan. Dè fios a th' acasan air leabhraichean mòra an t-saoghail, air ceòl mòr an t-saoghail, air dealbhan mòra an t-saoghail? Ach feumaidh duine a bhith beò am measg dhaoine eile.
- 7 Co-dhiù bha mi nam shuidhe ris an loch 's mi a' coimhead na grèine

a' dol fodha. 'S a' cluinntinn nan eun a' bruidhinn ri chèile air feadh na mòintich nan cànan fhèin. Nan cànan samhraidh fhèin. Is a chùbhraidheachd mun cuairt orm 's na clachan mòra nan seasamh mu choinneamh na grèine. 'S an t-adhar a' fàs purpaidh is dearg. Ò, tha bòidhchead anns an t-saoghal ceart gu leòr, ach tha a' bhòidhchead nas fheàrr nuair nach eil thu buileach nad aonar.

- 8 Co-dhiù, chunnaic mi esan — an t-aonaran — pìos air falbh 's e na shuidhe leis fhèin. Cha robh e a' dèanamh càil ach a' suidhe. Cha robh fiù slat aige. Airson ùine mhòr bha mi a' sealltainn ris mar gum bithinn a' sealltainn ann an sgàthan, ach cha do sheall esan rium idir. Bha e mar gum biodh e a' smaoin eachadh. Theab mi dhol suas a bhruidhinn ris, ach dh'fhuirich mi far an robh mi. Cha robh duin' eile air a' mhòintich ach sinn fhìn. Bha mi a' smaoin eachadh fad na tìde gun robh coltas uabhasach dòigheil air. 'S thàinig an smaoin a-steach orm. Cò e? Cò às a thàinig e? Ach cha do lean an smaoin fada 's mi ga choimhead. Bha coltas cho toilichte air. Nach robh sin àraid? Nach robh sin uabhasach àraid?
- 9 Bha na h-eòin fhathast a' bruidhinn nan cànan fhèin. Bha esan na shuidhe air a' mhòintich, mar chloich. Gun ghluasad. Cò air a bha e a' smaoin eachadh? Cha do thachair seo dhomh riamh roimhe, a bhith cho faisg air duine 's gun a dhol a bhruidhinn ris. Cha robh e nàdarrach.
- 10 Ann an ceann ùine dh'èirich mi gum chasan, thug mi leam mo shlat is rinn mi mo shlighe dhachaigh. Nuair a chaidh mi steach an doras, dh'fhairich mi a-rithist cho falamh 's a bha an taigh, an cloc a' diogadh air sgeilp an t-simileir. Bha gach nì na àite fhèin, mo leabhraichean, mo rèidio, mo thelebhisean, iad uile ann an òrdugh lom. Chuir mi mach uisge-beatha dhomh fhìn. Bha mi 'g òl barrachd o bhàsaich mo bhean còig bliadhna air ais. B' àbhaist dhi a bhith cluich na fìdhle, ach a-nis bha an ceòl na thost.
- 11 Shuidh mi ann an cathair 's chuir mi air an teine-dealain. Fad na tìde bha mi a' faireachdainn an taighe cho falamh 's cho fuar. Sheall mi air an fhìdhill agus smaoinich mi gun robh i coimhead coltach ri ciste-laighe. An dùil an èirich ceòl à ciste-laighe?
- 12 Aonarain, càit a bheil thu a-nochd is tu nad chadal mar chloich, slàn annad fhèin?

## 8. Ceistean: An t-Aonaran

**Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.**

*Leugh paragrafan 1 agus 2 a-rithist.*

1. Seall, le eisimpleirean, mar a tha an t-ùghdar soirbheachail ann a bhith a' cur stoidhle agus structar-seantans gu feum anns na paragrafan seo.

2

*Leugh paragrafan 1 gu 3 a-rithist.*

2. Tha an sgrìobhadair, beag air bheag, a' togail dealbh dhuinn den àite anns a bheil e a' fuireach. Thoir geàrr-chunntas air cò ris an tha an t-àite seo coltach. Na cleachd ach am fiosrachadh as cudromaiche ann a bhith a' dèanamh seo.

3

*Leugh paragrafan 3 agus 4 a-rithist.*

3. (a) Ann an dòigh, tha sinn ag ionnsachadh barrachd mu Dougie na tha sinn mun aonaran anns na paragrafan seo.

Le bhith a' togail air taghadh-facail, beachdaich air caractar Dougie.

3

*Leugh paragraf 5 a-rithist.*

- (b) 'Bha e soilleir nach do chòrd an t-aonaran ris air adhbhar air choreigin.' (Paragraf 5)

Nad bheachd fhèin, carson nach do chòrd an t-aonaran ri Dougie? Tog gu sònraichte air a' pharagraf seo, ach bhiodh e freagarrach iomradh a dhèanamh air pàirtean eile den earrainn.

2



Leugh paragraf 6 a-rithist.

4. (a) Le bhith a' togail air taghadh-facail, beachdaich air carson a tha iasgach a' còrdadh ri neach-innse na sgeulachd.

2

- (b) Seall mar a tha neach-innse na sgeulachd a' cur ìomhaigheachd gu feum gus sealltainn nach eil e coltach ri muinntir a' bhaile.

2

Leugh paragrafan 6 agus 7 a-rithist.

5. Le bhith a' togail air na paragrafan seo, ach cuideachd le bhith a' smaoinichadh air an earrainn chun a seo, seall dè an dà phrìomh thrioblaid a th' aig neach-innse na sgeulachd.  
(Na tog air càil a sgrìobh thu ann an Ceist 4.)

2

Leugh paragraf 8 a-rithist.

6. (a) 'Airson ùine mhòr bha mi a' sealltainn ris mar gum bithinn a' sealltainn ann an sgàthan.'

Smaoinich air an earrainn air fad chun a seo. Nad bheachd-sa, dè na dòighean anns an robh seo fìor?

2

- (b) 'Bha coltas cho toilichte air. Nach robh sin àraid? Nach robh sin uabhasach àraid?'

Smaoinich air an earrainn air fad chun a seo. Dè, nad bheachd-sa, nach b' urrainn do neach-innse na sgeulachd a thuigsinn?

1

Leugh paragraf 9 a-rithist.

7. 'Bha na h-eòin fhathast a' bruidhinn nan cànan fhèin.'  
Nad bheachd-sa, carson a chleachd an t-ùghdar an ìomhaigheachd seo?

1

Leugh paragrafan 10 agus 11 a-rithist.

8. Tha an sgrìobhadair a' dèanamh soilleir gu bheil beatha neach-innse na sgeulachd gun toil-inntinn no dòchas.

Seall mar a tha e a' dèanamh seo tro fhiosrachadh, taghadh-facail, ìomhaigheachd agus structar-seantans.

4

*Leugh paragraf 12 a-rithist.*

9. Le bhith a' togail air a' pharagraf seo ach le bhith cuideachd a' smaoinichadh air an earrainn air fad, beachdaich air na faireachdainnean agus na miannan a tha ag èirigh an seo.

2

*Thoir sùil air an teacsa gu lèir.*

10. Leugh fìor thoiseach na sgeulachd a-rithist: *'Aon latha thàinig aonaran a dh'fhuireach dhan bhaile againn, uill cha b' ann buileach dhan bhaile ach gu seann togalach shuas air cùl nan croitean.'*

Seall mar a chuir an t-ùghdar taghadh-facail gu feum gus innse dhuinn mu mhuinntir a' bhaile is suidheachadh an aonarain.

2

11. Beachdaich air dè cho freagarrach 's a tha tiotal na sgeulachd.

2

30

## 9. Am Balla

### Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

- 1 Nuair a bha i trì fichead 's a còig, chaill i a cuimhne. Chanadh i ris 's e na shuidhe anns a' chathair, "Cò thu? Càit a bheil Cailean?" ('S e Cailean ainm-san). Air an oidhche bhiodh i a' cluinntinn rànaid leanaibh 's chanadh i ris, "Feumaidh mi èirigh 's faicinn dè tha a' tachairt".
- 2 Cha mhòr nach robh a chridhe a' briseadh. Cha robh e a' smaoinichadh gun tachradh seo 's cha robh e air e fhèin a dheisealachadh air a shon.
- 3 Aon latha fhuair e i anns an lobaidh le a màileid 's i dol a thogail oirre gu 'Cailean'.
- 4 Chuimhnich e air làithean geala na h-òige. Làithean dannsaidh. An latha a choinnich e rithe san earrach bhlàth ud an Glaschu. Ise cho òg le sùilean domhainn uaine mar a' mhuir agus esan air ùr thighinn don bhaile. Nuair a bha i òg, bha i tùrail agus dèantanach. Nuair a thigeadh e a-steach o obair, bhiodh an dinnear an-còmhnaidh deiseil. Bha dithis chloinne aca agus fhuair iad deagh thogail.
- 5 Ach a-nis bha balla eadar an dithis.
- 6 'S ann a bha i coltach ri srainnsear anns an taigh. Agus cha robh fhios dè cho fada 's a leanadh cùisean. Dh'fheumadh e bhith air faire gun sgur. Aon turas chuir i bròg don àmhainn is i a' smaoinichadh gun robh i a' còcaireachd. Bha i a' smocadh cuideachd 's bhiodh i a' leigeil às toitean air an làr. Fhad 's a bha a' chlann a' fàs suas, dh'obraich e gu cruaidh. B' fheudar dha uairean fada a dhèanamh gus taigh a chumail agus biadh a chur air a' bhòrd. Choisich an tìde air adhart ... no ruith i. 'S iomadh rud a chaidh seachad air. 'S iomadh rud a bha còir aige a ràdh agus a dhèanamh.
- 7 Chan eil càil nas miosa na seo, ars esan ris fhèin. Chan urrainn càil a bhith nas miosa na seo.
- 8 Agus 's e bu mhiosa buileach gun robh an dithis chloinne aca fad air falbh. Bha am mac ann an Afraga agus an nighean pòsta ann an Sasainn. Bha cho math dhaibh a bhith ann am fàsach aig crìochan an t-saoghail. Nuair a bha e fhèin òg, 's ann a' reic uinneagan a bha e. "Tha an uinneag seo tòrr nas fheàrr na an tè a th' agaibh," chanadh e, gu cinnteach. "Seallaibh cho mòr 's a tha i. 'S an solas a chì sibh a-nis. Faodaidh sibh an t-airgead a phàigheadh thairis air ùine." Agus cheannaicheadh iad na h-uinneagan ùra. Cò shaoileadh anns na

làithean ud gun robh am balla seo a' feitheamh ris?

- 9 Bha piàno aca 's bhiodh i a' cluich nan òran air an robh cuimhn' aice 's a bha co-cheangailte ri Cailean. Fuinn aighearach, aotrom ach a bha a-nis air fàs tiamhaidh, trom. Chluicheadh i cho grinn sgiobalta iad uaireigin gun chorrach a chur ceàrr, ach cha b' ionann sin a-nise.
- 10 Bha e airson a làmh a ghabhail, ach cha b' urrainn dha greimeachadh oirre. Bha i ro fhada air falbh. "Bha Cailean cho coibhneil," chanadh i, "ach chan eil thusa coibhneil. Bha e na b' òige na thusa. Tha thusa cho aost'." Bha e cho sgìtheil a bhith cumail faire gun sgur, cha mhòr gach mionaid anns an latha 's air an oidhche cuideachd. Bha e dìreach mar phrìosanach.
- 11 Bha cuimhn' aig' oirre na h-aparan gorm aig a' chucair. No a' cantainn ris a' chloinn, "Thuir mi ribh gun a bhith a' sgrìobhadh air na ballachan le creidhean." 'S bhiodh iad uaireannan a' dol don sutha far am biodh na h-ainmhidhean mòra a' sealltainn riutha tro na bàraichean iarainn. Beathaichean air cùl bhallachan. Saoil an robh iad toilichte?
- 12 Thuir an dotair ris gun robh an tinneas do-leigheas. Bhiodh e uaireannan a' tighinn air feadhainn òga cuideachd. Dh'fhaighnich e dheth an robh e airson a cur ann an Home. Ach bha e calg-dhìreach an aghaidh sin. Bha dleastanas a' cantainn ris, agus e a' smaoineachadh a-rithist air na làithean geala toilichte, "Feumaidh tu seo a ghiùlan leat fhèin." Agus uaireannan thigeadh an smuain thuige, "An e mise bu choireach ris a' ghalar a tha seo?"

\* \* \*

- 13 An latha bha seo fhuair e am bainne ri taobh an dorais aig meadhan-latha. "Dè thachair?" ars esan ris fhèin. "Bha dùil 'am gun do chuir mi e don frids."
- 14 Turas eile thàinig fear a' bhainne chun an dorais, 's thuir e ris, "Cha do phàigh thu mi airson a' bhainne." Agus bha e fhèin a' smaoineachadh gun do phàigh. Turas eile chuir e an coire dealain air mullach a' chucair, 's theab e leaghadh air falbh. "Tha am balla a' briseadh," thuir e ris fhèin. "Chan eil fhios nach coinnich sinn ri chèile ann an àite gun chuimhne."
- 15 Uaireannan bha e a' feuchainn ri cuimhneachadh air ainm ach cha robh e a' tighinn thuige. Bha a h-uile càil a' teicheadh bhuaithe.
- 16 Bha am balla air tuiteam gun teagamh. Bha e ro dhuilich a chumail slàn.
- 17 Bha saoghal ùr a' briseadh, saoghal gun chuimhne. Bha e air ainm a chur dheth, mar a chuireas nathair dhith a craiceann.



## 9. Ceistean: Am Balla

**Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.**

*Leugh paragrafan 1 gu 3 a-rithist.*

1. Seall, le fianais, gu bheil an tinneas a th' air bean Chailein a' toirt oirre a bhith a' tighinn beò anns an àm a dh'fhalbh.

2

*Leugh paragraf 4 a-rithist.*

2. Seall, le eisimpleirean, mar a tha an t-ùghdar a' cur ìomhaigheachd gu feum gus dealbh a thoirt dhuinn air a' chàirdeas a bha eadar an dithis nuair a bha iad ann an Glaschu.

3

*Leugh paragraf 6 a-rithist.*

3. (a) Seall, le eisimpleir, mar a tha an t-ùghdar a' cur pearsanachadh gu feum anns a' pharagraf seo.

1

- (b) Le bhith a' togail air taghadh-facail agus ath-aithris, seall mar a tha aithreachas air Cailean.

2

*Leugh paragraf 8 a-rithist.*

- (c) 'Bha cho math dhaibh a bhith ann am fàsach aig crìochan an t-saoghail.'

Le bhith a' togail air a' pharagraf seo, beachdaich air na smuaintean a th' aig Cailean an seo.

2

4. (a) 'Agus cheannaicheadh iad na h-uinneagan ùra. Cò shaoileadh anns na làithean ud gun robh am balla seo a' feitheamh ris?'

Tha ìomhaigheachd an seo a tha a' togail air uinneagan is balla. Le bhith a' togail air an earrainn chun a seo, seall mar a tha i a' cur ris an sgeulachd.

2

- (b) Seall mar a tha structar-seantans air a chur gu feum gus faireachdainnean Chailein a nochdadh dhuinn.

1

*Leugh paragraf 9 a-rithist.*

5. Seall, le eisimpleirean, mar a tha an t-ùghdar a' cur ìomhaigheachd agus structar-seantans gu feum gus sealltainn dhuinn mar a tha càirdeas an dithis air atharrachadh.

2

*Leugh paragraf 10 a-rithist.*

6. Nad bheachd fhèin, dè na teachdaireachdean a tha an t-ùghdar a' toirt dhan luchd-leughaidh anns a' pharagraf seo. Cleachd fianais nad fhreagairt.

2

*Leugh paragraf 11 a-rithist.*

7. 'Beathaichean air cùl bhallachan. Saoil an robh iad toilichte?'

Nad bheachd-sa, dè na smuaintean a tha air cùl na ceist seo? Mìnich do fhreagairt.

2

*Leugh paragraf 12 a-rithist.*

8. Seall, le fianais, mar a tha an t-ùghdar a' cur pearsanachadh gu feum anns a' pharagraf seo gus barrachd de character Chailein a nochdadh dhuinn.

2

*Leugh paragrafan 13 gu 15 a-rithist.*

9. Thoir seachad geàrr-chunntas air mar a ghabh an tinneas grèim air Cailean beag air bheag. Na cleachd ach am fiosrachadh as cudromaiche ann a bhith a' dèanamh seo.

3

*Leugh paragrafan 16 agus 17 a-rithist.*

10. Le bhith a' togail air na paragrafan seo, inns dè a' bhuaidh a bh' aig deireadh na sgeulachd ort agus carson.

2

*Thoir sùil air an teacsa gu lèir.*

11. Seall, le eisimpleirean, mar a tha an t-ùghdar a' cur structar agus structar-seantans gu feum airson buaidh a thoirt air an earrainn air fad. Na tog air puingean a thog thu ann am freagairtean eile.

2

12. Nad bheachd-sa, cò as motha air a bheil an t-ùghdar ag amas anns an sgeulachd seo? Minich do bheachdan le iomradh air an sgeulachd, far a bheil sin freagarrach.

2

30



## 10. Ignig Dannelsair

### Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

- 1 Cha robh mise na mo bheatha aig tiodhlacadh a bha cho mòr. Ignig bochd, cha robh e fada beò. Ach, a dh'aindeoin sin, 's ann bu mhath gun do bhàsaich e.
- 2 Tha cuimhn' agam an latha a rugadh e. Pàiste cho laghach 's a chunnaic thu riamh. An dà shùil cho dubh ris an t-seilcheig agus gruidhean mìne, molach. Agus chan e a-mhàin laghach ach comasach cuideachd!
- 3 Bha sinne mar choimhearsnachd air a bhith glè thoilichte an sin fad iomadh linn. Ach dh'fhalbh sin agus thàinig latha eile oirnn, latha duilich. Agus b' e Ignig a bu choireach ris na thachair dhuinn.
- 4 Dh'fhàs e suas na luchag òg thuigseach agus cha robh teagamh sam bith am measg an t-sluaigh nach b' fhada gus am biodh e air ceann nan luchan uile nuair a bhàsaicheadh Siulp Seannluch.
- 5 Ach thàinig atharrachadh air Ignig. Chuir e cùl ris an ionnsachadh. Agus dh'fhàs e leisg. Chitheadh tu e, latha a bhiodh càch is fallas dhiubh, ga shliobadh fhèin no a' coiseachd mun cuairt agus a' bruidhinn riutha. 'S bha e geur air a theanga cuideachd.
- 6 Chan eil fhios agam ciamar a thòisich an dannsa. An e tàlant a bha ann o rugadh e, no dè? Co-dhiù, thàinig fios aon latha sinn a thighinn chun na Creig a dh'fhaicinn Ignig. Chan fhaca tu a-riamh a leithid. Bha na luchainn gu lèir cruinn, a' gàireachdainn is ag èigheachd. Am fasgadh na creige, air cnoc mu ar coinneamh, bha Ignig, a' dannsa. 'S e Ignig Dannelsair a bha aca air on uair sin.
- 7 Cha do rugadh luch a-riamh nach b' urrainn leum — feumaidh sinn a bhith math air airson ar beatha a ghleidheil am measg nam fuamhairean agus nan coin. Ach leumadaich Ignig! Sìos leis agus suas a-rithist, cho àrd ri glùn fuamhaire. Cha b' urrainn dhut do shùil a thogail dheth.
- 8 On latha sin a-mach, cha do chuir Ignig a spòg ri obair. Choisinn e a bhiadh agus tòrr a bharrachd le chuid bocadaich. Bha an òigridh air am mealladh uile gu lèir leis — leanadh iad a dh'àite sam bith e. Ach cha robh iad ag obair mar bu chòir, agus bha a bhuil ann. Bha dragh air na seanairean. Thuirt Siulp Seannluch riutha gun tigeadh droch latha orra mura leanadh iad ris na seann cleachdaidhean agus mura dèanadh iad an obair. Ach bha an òigridh coma dè a bha na seann luchan ag ràdh. Dad ach am faca tu Ignig a' dèanamh siud? No saoil cò



an tè a bhios aige a-nochd?

- 9 Chaidh fios mu Ignig air feadh an t-saoghail, agus bha luchd-turais a' tighinn às gach àite, le prèasantan agus biadh, a dh'fhaicinn "Ignig Dannsair". Cha robh guth againn air obair-fearainn. A' chlann a' feuchainn ri dannsa; sinne ag innse na sgeòil; agus na seanairean a' crathadh an cinn. Nuair a thòisich an t-arbhar ag abachadh, ge-tà, thog an luchd-turais orra dhachaigh gun obair fhèin. Ach bha sinne air a bhith beò air prèasantan nan coigreach cho fada 's gun robh obair air a dhol à fasan. Droch àm a bh' ann. Cha robh biadh air fhàgail agus chluinneadh tu pàistean ag èigheachd leis an acras.
- 10 Is e Ignig fhèin a chuir gnothaichean ceart. Thàinig e a-mach às an lùchairt ùr aige aon latha agus choisich e gun stad, is am baile ga leantainn, gus na ràinig e làrach nan Corc-thaighean. Thòisich e ag obair agus abair obair! Fear nach do dh'obraich a-riamh!
- 11 Mionaich a bha a' rùchdail leis an acras roimhe, bha pailteas bìdh annt' a-nis. Agus a h-uile mac màthar a-rithist a' moladh Ignig Dannsair. Aon oidhche, nuair a bha an obair seachad, dh'iarr Ignig cead air Siulp a dhol a dhanns. Bha sinne uile toilichte gu leòr le seo, oir nach robh Ignig air biadh a thoirt dhuinn, ach a dh'aindeoin sin dhiùlt Siulp. 'S e mearachd glè amaideach a bha sin mar a fhuair sinn a-mach às dèidh seo.
- 12 Is ann air an latha a bha na fuamhairean a' cur an arbhair a-steach a thachair a' chreach. Latha grianach, grànda.
- 13 An ath shùil a thug sinn, bha Ignig air ruith a-mach. Stad e pìos bhuainn. Agus thòisich e ri leum, cho àrd ri cluas coin. B' e seo an seann Ignig, an Dannsair. Nuair a thàinig an cù às a dhèidh, 's ann a thòisich Ignig a' dèanamh amadan dhen chù 's e cho mòr agus slaodach. Mach leinne às an fhasgadh gus am faigheadh sinn sealladh nas fheàrr air an spòrs. Cha robh guth air cunnart ...
- 14 Bha na fuamhairean ann mus do thuig sinn dè thachair. O, mort agus marbhadh eagalach! Cha do thill ach triùir againn. Chaidh Ignig a ruagadh air falbh às a' bhaile.
- 15 Greis as dèidh sin, nuair a chuala sinn gun do bhàsaich Ignig, chaidh osann suas às a' bhaile, osann a bha a' nochdadh taingealachd agus aithreachas.
- 16 Cha robh, cha robh mise riamh aig tiodhlacadh cho mòr . . .



## 10. Ceistean: Ignig Dannsair

**Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.**

*Leugh paragraf 1 a-rithist.*

1. Seall, le eisimpleirean, gun robh diofar fhaireachdainnean aig na luchainn do Ignig.

2

*Leugh paragrafan 2 gu 4 a-rithist.*

2. Chan fhaigh sinn a-mach le cinnt gur e luch a th' ann an Ignig gus an leugh sinn an ceathramh paragraf.

Dè tha air innse dhuinn mu choltas Ignig ann am paragrafan 2 is 3 a dh'fhaodadh beachd a thoirt dhuinn gur e luch a bha ann?

2

3. 'Cha robh teagamh sam bith am measg an t-sluaigh nach b' fhada gus am biodh e air ceann nan luchan uile'.

Le bhith a' togail air taghadh-facaill, beachdaich air carson a bha seo fìor.

3

*Leugh paragrafan 4 agus 5 a-rithist.*

4. 'Ach thàinig atharrachadh air Ignig.'

Le iomradh air na h-atharrachaidhean, beachdaich air carson a bhiodh iad seo air tighinn air Ignig?

2

*Leugh paragrafan 6 agus 7 a-rithist.*

5. Thoir seachad geàrr-chunntas air mar a dh'fhàs Ignig ainmeil. Na cleachd ach am fiosrachadh as cudromaiche ann a bhith a' dèanamh seo.

3

*Leugh paragrafan 8 gu 10 a-rithist.*

6. Le iomradh air taghadh-facail, seall mar a ghabh Ignig brath air cho ainmeil 's a bha e air fàs.

3

*Leugh paragrafan 10 agus 11 a-rithist.*

7. 'Dh'iarr Ignig cead air Siulp a dhol a dhanns ... ach ... dhiùlt Siulp.'

(a) Nad bheachd-sa, carson a dh'iarr Ignig cead?

1

(b) Nad bheachd-sa, carson a dhiùlt Siulp seo?

2

*Leugh paragrafan 12 agus 13 a-rithist.*

8. Seall mar a tha an t-ùghdar a' cleachdadh structar-seantans gus beachd a thoirt dhuinn air na thachradh an latha seo.

2

*Thoir sùil air an teacsa gu lèir.*

9. 'Nuair a chuala sinn gun do bhàsaich Ignig, chaidh osann suas às a' bhaile, osann a bha a' nochdadh taingealachd agus aithreachas.' (paragraf 15)

Le iomradh air an sgeulachd gu lèir, beachdaich air carson a bhiodh an dà chuid 'taingealachd agus aithreachas' ann.

2

10. Seall, le eisimpleirean, mar a tha an t-ùghdar a' cleachdadh structar agus stoidhle gus an sgeulachd gu lèir a leasachadh.

2

11. Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh na sgeulachd seo airson beachdachadh air an t-saoghal againn fhèin.

Beachdaich air cò no dè a dh'fhaodadh na leanas a bhith a' samhlachadh.

Feumaidh do bheachdan a bhith air an togail air an sgeulachd.

(a) Ignig

2

(b) Siulp Seannluch (paragrafan 4 agus 8)

2

(c) Mar a thàinig agus a dh'fhalbh an luchd-turais (paragraf 9)

2

30